

àrd-sheirbhiseach, cha b' ann mar Impire na Gearmailt." Chaidh e 's a'chùis so, reir comh-airle, cha b' ann a reir a bheachd fhein.

An uair a chaidh e do'n duthaich air an tràth mu dheireadh cha robh traoghadh air a mhisneachd no air a threuntachd. Dh' fhoill-sich e cridhe an leoghain 's a' chath. Bha a bhuadhan air an lasadh le teine 'mhac-mheam-na, agus shoillsich a bhriathrachas dubhachas deistinneach na comhstrith mar dhealraich-eas dearrsadh gealaich an fhogharaidh dubhar na h-oidhche. Bu shluagh mór na Ceiltich 's an am a thriall, 's cha do chaill iad buaидh fola an sinnsearan fhathasd. Cha b' e gnè an fhior Ghaidheil teicheadh roimh namhaid; "Oir geill cha tug Camashronach riamh"; geill riamh cha d'thug clanna Chuinn Cheud-chathach, no siol Olghair nan Lann, no sliochd Chabarfeigh, no clann Diarmaid O'Duinn, d'an suaicheantas ceann an tuirc; mar sinn nam fineachan eile, na Rosaich nam measg, 's cha bu dual gu'n leagadh Sir Seoras sios a shleagh 's e beò. 'S an taghadh so sheas e a chùis, ach beag, 'na aonar, air beulaibh an t-sluaigh. Cha robh moran de mhaithibh a thaobh fein maille ris air chuairt. Bha coinneamh an deidh coinneimh aige air feadh na tire air fad, 's ged bha'n sluagh a' tuiteam air falbh bhuaith cha do chaisg e aon oidheirp, nior robh coltas